

Uibhist Mo Ghràidh

Lyrics and translation

Verse 1

O seinnidh mi dàn do dh'eilean mo ghràidh	O, I'll sing a song to the isle of my love
far an d'fhuair mi m'àrach nuair bha mi nam phàisd'	where I was raised as a child
Far am bi mo chrìdhe gu deireadh mo là	where my heart will be to the end of my days
ann an Eilean Uibhist an eòrna.	In the Isle of Uist of the barley.

Verse 2

Ged is fhada bho'n dh'fhàg mi eilean mo ghràidh	Though long since I've left the island I love
Agus a thàinig mi Ghlaschu 'us rinn mi ann tàmh,	and came to Glasgow and made a home
Tha machraichean Uibhist nam chuimhne a ghnàth	The machairs of Uist are continually in my memory
a' cumail mo chrìdhe gach là rium	Keeping my spirits up every day.

Verse 3

Bu mhiann leam bhith ag amharc bho mhullaichean Lì	I'd like to be gazing again on Ben Lee
Beinn Mhór an taoibh deas 'us gach monadh 'us frìth,	Ben Mor to the south over moorland and sea
Luch Euphort nam fiadh far 'eil dachaidh mo chrìdh'	Locheport of deer that's the home of my heart,
us gach alltan 'us linne sa mhointich.	Each brook and each burn of the moorland.

Verse 4

O mhachraichean Shollais gun siubhlainn gu dian	From machairs of Sollas, I'll travel greedily
gu cladaichean Pheabuil 'us tuinn a' chuain siar	to the beaches of Paible and the waves of the western ocean
gur maiseach an sealladh a dh'èireas o'n iar	how lovely the sight that rises in the west
nuair a dh'èireas a' ghrian air Creag Asduinn	when the sun rises on Creag Hastin.

Verse 5

Ach fàgaidh mi baile an cabhaig 'us nan sràid	But I'll leave the city with its crowds in the street
us cuiridh mi m'aghaidh air monadh 'us sàil	and I'll set me face to the moors and the salt (sea)
us gabhaidh mi'n t-aiseag à Malaig gun dàil	and I'll take the ferry from Mallaig without delay
gu Uibhist mo ghràidh 'us m'eòlais.	to Uist which I love and know.